


1. An teicneòlas as ùire | The newest technology

Sgrìobh  - A bheil cuimhne agad dè tha gach facal an seo a' ciallachadh? Lìon na beàrnan leis a' Ghàidhlig air neo leis a' Bheurla an seo:

goireasach *adj* | _____

_____ *adj* | powerful

_____ *adj* | useful

ùr-nòsach *adj* | _____

co-aimsireil *adj* | _____

_____ *adj* | unavoidable

_____ *adj* | essential

_____ *adj* | inconvenient

neo-phractaigeach *adj* | _____

gun fheum *adj* | _____

_____ *adj* | old-fashioned

sàrachail *adj* | _____

_____ *adj* | unhelpful

roghainneil *adj* | _____

Sgrìobh  trì seantansan an seo le cuid de na faclan às a' bhogsa.

1. _____
2. _____
3. _____

2. A' cleachdadh teicneòlas | Using technology

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo le freagairtean pearsanta fhèin.

1. An do dh'ùraich thu an coimpiutair no am fòn agad an t-seachdain seo?

2. Dè am prògram no an ap mu dheireadh a stàlaich thu?

3. Cuin a chuir thu air an coimpiutair agad mu dheireadh?

4. An do sguab thu às faidhle cudromach am-bliadhna? Dè rinn thu an dèidh làimhe?

3. A bheil feum air? | Is it useful?

Sgrìobh  - Lìon na beàrnan seo leis an abairt cheart bhon bhogsa.

Tha feum agam air...	Feumaidh mi...	...a' cur feum air...
1. _____	gluasad gu flat ùr am-bliadhna.	
2. _____	fòn ùr a cheannach nuair a bhios tìde agam.	
3. _____	coimpiutair ùr a bhios gam chuideachadh lem obair.	
4. Saoilidh mi gu bheil daoine _____	mapaichean air-loidhne a-nis.	
5. _____	falbh dhan bhùth sin feasgar.	
6. _____	fòn-glic air sgàth 's nach eil an seann fhear agam cumhachdach no goireasach a-nis.	
7. _____	clò-bhualadair san taigh agam leis gu bheil mi ag obair aig an taigh sna làithean-sa.	

4. An t-inneal as fheumaile | The most useful device

Sgrìobh  - Lìon na beàrnan anns na seantansan seo:

- _____ an rud as _____ dhòmhsa mu dheidhinn fòn-glic [cudromach] gu bheil rùm gu leòr ann airson mòran dhealbhan a shàbhaladh.
- _____ laptopthan nas _____ na coimpiutairean [practaigeach] air an deasg.
- _____ siostaman AI an rud as _____ ann an saoghal nan coimpiutairean a-nis. [ùr-nòsach]
- _____ fònaichean-glice nas _____ na tablaidean a-nis [feumail] air sgàth 's gu bheil iad beag agus sgiobalta.

5. Cha b' urrainn dhomh | I couldn't

Sgrìobh ✎ - Cuir na seantansan is na ceistean seo dhan Ghàidhlig:

1. I can knit a hat.

4. Could you speak to my sister?

2. I could drive a tractor when I was younger.

5. They couldn't swim in the sea.

3. Can't that boy sing?

6. Can you make a cup of coffee for me?

6. Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-18-teicneolas-technology

Èist ris a' chlàradh a tha seo agus an uair sin leugh an **tar-sgrìobhadh** 'transcription'.

Anna: Norma, dè do bheachd fhèin mu dheidhinn an eadar-lìn? A bheil e cho math 's a tha daoine a' cumail a-mach? A bheil e cho feumail 's a tha daoine a' cumail a-mach?

Norma: Ò tha e gu math feumail cha chreid mi, 's tha e na bhuannachd dhòmhsa.

Anna: Ciamar?

Norma: Uill, ma... nam biodh... luchd-turais, eil fhios a'd...

Anna: Tha leabaidh is bracaist agadsa.

Norma: ... leabaidh is bracaist agam agus tha tòrr de na 'bookings' a th' agam airson am-bliadhna, 's ann tron eadar-lìn a tha mi air am faighinn. Chanainn, tha mi a' creidsinn, 90% aca co-dhiù, tha mi a' creidsinn 's ann tron eadar-lìn.

Anna: Nam biodh tu a' dol a mholadh do chuideigin, leithid Donaidh an siud, dè... a dhol an-sàs anns an eadar-lìn, dè chanadh tu riutha?



Norma: Ò gu cinnteach... feumaidh e... feumaidh e airson 'business' sam bith a th' aige, feumaidh e an t-eadar-lìon an-diugh. Tha a h-uile duine a' dol air... sean is òg.

Anna: Dè cho duilich 's a bha e ionnsachadh? Tha tòrr dhaoine ag ràdh ò, chan eil mi airson dhol... airson a dhol an-sàs ann. Tha e ro dhuilich dhòmhsa. An robh e duilich dhutsa?.

Norma: Chan eil e duilich idir. Bha dùil agams' gun robh bhon nuair a bha mise ag èirigh suas... 'coimpiutairs' an uair sin, bha iad ag ràdh riut ò millidh am fear siud 's ma chuireas tu am putan ceàrr sìos... sgapadh tu a h-uile càil a th' air, ach chan eil iad mar sin an-diugh.

Èist 🎧 + **Sgrìobh** ✍️ - Èist a-rithist ris a' chlàradh seo agus freagair na ceistean.

1. Carson a tha an t-eadar-lìon feumail do Norma Mhoireasdan?

2. A bheil Norma den bheachd gu bheil an t-eadar-lìon doirbh ionnsachadh?

3. Dè bhiodh daoine ag ràdh mu dheidhinn choimpiutairean nuair a bha Norma òg?

4. Cò bhios a' cleachdadh an eadar-lìn a rèir Norma?

5. A bheil thu den bheachd gu bheil Donaidh airson a bhith a' cleachdadh an eadar-lìn no a bheil e na aghaidh?

1 - An teicneòlas as ùire | The newest technology

goireasach *adj* | convenient

cumhachdach *adj* | powerful

feumail *adj* | useful

ùr-nòsach *adj* | modern

co-aimsireil *adj* | contemporary

do-sheachanta *adj* | unavoidable

riatanach *adj* | essential

mì-ghoireasach *adj* | inconvenient

neo-phractaigeach *adj* | impractical

gun fheum *adj* | useless

seann-fhasanta *adj* | old-fashioned

sàrachail *adj* | annoying, wearisome

mì-chuideachail *adj* | unhelpful

roghainneil *adj* | optional

Na freagairtean pearsanta agad fhèin an seo. Chì thu eisimpleir gu h-ìosal:

1. Chan eil am fòn agam cumhachdach idir.

2 - A' cleachdadh teicneòlas | Using technology

Na freagairtean pearsanta agad fhèin an seo.

1. Dh'ùraich / Cha do dh'ùraich ...

3. Chuir mi air an coimpiutair agam...

2. Stàlaich mi...

4. Sguab / Cha do sguab ...

3 - A bheil feum air? | Is it useful?

1. Feumaidh mi gluasad gu flat ùr am-bliadhna.

2. Feumaidh mi fòn ùr a cheannach nuair a bhios tìde agam.

3. Tha feum agam air coimpiutair ùr a bhios gam chuideachadh lem obair.

4. Saoilidh mi gu bheil daoine a' cur feum air mapaichean air-loidhne a-nis.

5. Feumaidh mi falbh dhan bhùth sin feasgar.

6. Tha feum agam air fòn-glic air sgàth 's nach eil an seann fhear agam cumhachdach no goireasach a-nis.

7. Tha feum agam air clò-bhualadair san taigh agam leis gu bheil mi ag obair aig an taigh sna làithean-sa.

4 - An t-inneal as fheumaile | The most useful device

1. 'S e an rud as cudromaiche dhòmhsa mu dheidhinn fòn-glic gu bheil rùm gu leòr ann airson mòran dhealbhan a shàbhaladh.
2. Tha laptopan nas practaigiche na coimpiutairean air an deasg.
3. 'S e siostaman AI an rud as ùr-nòsaiche ann an saoghal nan coimpiutairean a-nis.
4. Tha fònaichean-glice nas fheumaile na tablaidean a-nis air sgàth 's gu bheil iad beag agus sgiobalta.

5 - Cha b' urrainn dhomh | I couldn't

1. 'S urrainn dhomh ad fhighè. phiuthar?
2. B' urrainn dhomh tractor a dhràibheadh nuair a bha mi na b' òige.
3. Nach urrainn dhan bhalach sin seinn?
4. Am b' urrainn dhut bruidhinn rim
5. Cha b' urrainn dhaibh snàmh anns a' mhuir.
6. An urrainn dhut cofaidh a dhèanamh dhomh?

6 - Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Tha dòighean eile ann na ceistean seo a fhreagairt, ach bheir na freagairtean seo eisimpleir dhut:

1. Tha i a' faighinn tòrr de na 'bookings' airson a leabaidh is bracaist tron eadar-lìn.
2. Chan eil. Tha i ag ràdh nach eil e duilich idir.
3. Bhiodh daoine ag ràdh gun cailleadh tu a h-uile càil nam biodh tu a' brùthadh a' phutain cheàrr.
4. Tha coltas ann bhon agallamh seo gu bheil Donaidh an aghaidh an eadar-lìn.